

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Calum agus Màiri (3)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,318. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,014 corresponds to Litir 1,318. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Tha mi a' dol a chur crìoch air an sgeulachd mu dheidhinn Màiri agus a bràthair, Calum. Bha esan air a dhol am measg muinntir nan ròn. Bhiodh Màiri a' coinneachadh ris ann an uaimh gu tric.

Chaidh na bliadhnaichean seachad. Cha do phòs Màiri riamh. Bha aon dlùth-charaid aice agus bha esan na mhinistear, **fear dom b' ainm** Raibeart. Bha e deich bliadhna na b' òige na i agus cha robh e fhèin pòsta nas motha. Ach cha robh suirghe ann eatarra. Bha iad dìreach nan deagh charaidean.

Ràinig Màiri aois ceathrad bliadhna. Chaochail a pàrantan. Dh'fhuirich Màiri anns an taigh. Bha i ri croitearachd ach cha robh a cridhe anns an obair. Reic i a h-uile beathach aice. Ghlèidh i aon chat mar pheata.

Bho àm gu àm bhiodh i a' falbh agus a' fàgail an taigh falamh. Cha robh fios aig duine cà' robh i a' dol. Ràinig i aois seasgad. Bha Raibeart caogad. Bha gaol aige oirre agus bhiodh e a' cèilidh oirre gu tric.

Chaidh e ann latha a bha seo agus bha Màiri na sìneadh anns an leabaidh.

'Thig, a Raibeart,' thuir i. 'Dèan suidhe ri mo thaobh.' Rinn e suidhe. 'Dè tha ceàrr?' dh'fhaighnich e.

'Ged nach eil mi a' faireachdainn tinn,' fhreagair i, 'cha chreid mi nach eil air fhàgail agam ach ùine ghoirid. An dèan thu rudeigin dhomh?'

'Ni,' thuir Raibeart. 'Rud sam bith.'

'Cuir do làmh fo mo chluasaig'. Rinn e sin, agus thug e a-mach **leabhar beag dearg**. 'Leugh e,' thuir i. 'Tha mi airson 's gun geall thu rudeigin dhomh. Nuair a gheibh mi bàs, bidh mi a' fàgail a h-uile nì agam don Eaglais – an taigh, m' fhearann, a h-uile dad airson maith nan seann daoine. Ach an dèan thu aon rud dhomh? An cuir thu clach bheag aig ceann na h-uaghach agam. Clach ann an cumadh cridhe le ceithir faclan oirre – "Gu Calum agus Màiri".'

Dh'aontaich Raibeart sin a dhèanamh dhi. Dà latha an dèidh sin, chaochail Màiri. Chaidh an taigh is fearann aice a reic. Bha Màiri air a càradh ann an uaigh faisg air uaigh a pàrantan. Agus chuir Raibeart clach ann an cumadh cridhe aig ceann na h-uaghach. Sgrìobhte oirre bha na ceithir faclan – "Gu Calum agus Màiri".

Leugh Raibeart an leabhar beag dearg iomadach turas. Bha fios aige mun chàirdeas iongantach eadar Màiri agus Calum. Cha tuirt e guth ri duine mu dheidhinn.

Thachair rud iongantach sa chladh. An dèidh làithean de dhroch shìde, nuair a bha an talamh bog fliuch, chunnaic daoine lorgan-coise annasach faisg air uaigh Màiri. Bha tè de na h-òrdagan a dhìth air a' chois dheis. Cha robh fios aig duine mar a dh'fhaodadh sin a bhith. Ach bha fios aig a' mhinistear!

Bha Raibeart fhèin a' fàs sean. Cha robh e airson a dhol don uaigh gun a bhith ag innse do chuideigin mun leabhar beag dhearg agus mun chunntas ann mu Mhàiri agus a bràthair. Goirid mus do chaochail e, dh'inns e mu dheidhinn do bhuidheann de mhuinntir an àite. Nam measg, bha seanmhair Aonghais MhicNèill. Mus do chaochail ise, dh'inns i do dh'Aonghas carson a bha a' chlach annasach sin, ann an cumadh cridhe, ann an cladh a' bhaile.

* * * * *

Faclan na Litreach: dlùth-charaid: *close friend*; falamh: *empty*; chaochail: *died*; seanmhair: *grandmother*.

Abairtean na Litreach: Bha esan air a dhol am measg muinntir nan ròn: *he had gone among the seal people*; bhiodh Màiri a' coinneachadh ris ann an uaimh gu tric: *Mary would often meet him in the cave*; cha do phòs X riamh: *X never married*; deich bliadhna na b' òige: *ten years younger*; cha robh e fhèin pòsta nas motha: *he wasn't married either*; cha robh suirghe ann eatarra: *they did not have a romantic relationship*; reic i a h-uile beathach aice: *she sold all her animals*; ghlèidh i aon chat mar pheata: *she retained one cat as a pet*; bha gaol aige oirre: *he loved her*; bhiodh e a' cèilidh oirre gu tric: *he would often visit her*; bha X na sìneadh anns an leabaidh: *X was lying in bed*; dèan suidhe ri mo thaobh: *sit next to me*; cha chreid mi nach eil air fhàgail agam ach ùine ghoirid: *I think I only have a short time left to me*; a h-uile dad airson maith nan seann daoine: *everything for the good of the old people*; ann an cumadh cridhe: *in the shape of a heart*; cuir do làmh fo mo chluasaig: *put your hand under my pillow*; tha mi airson 's gun geall thu rudeigin dhomh: *I want you to promise me something*; air a càradh ann an uaigh faisg air uaigh a pàrantan: *laid out in a grave near her parents' grave*; aig ceann na h-uaghach: *at the end of the grave*; làithean de dhroch shìde: *days of bad weather*; bha tè de na h-òrdagan a dhìth air a' chois dheis: *one of the toes was missing on the right foot*; mar a dh'fhaodadh sin a bhith: *how that could be*; dh'inns e mu dheidhinn do bhuidheann de mhuinntir an àite: *he told about it to a group of local people*.

Puing-chànain na Litreach: thug e a-mach **leabhar beag dearg**: *he brought out a little red book*. Just as we say in English 'little red book' rather than 'red little book', so Gaelic has a preferred word adjectival word order. It is more natural to say leabhar beag dearg than to say leabhar dearg beag (unless we are comparing two red books, one large, the other small). Similarly, we would say cù beag bàn, cat mòr dubh, baile mòr grànda, fear beag staiseach.

Gnàthas-cainnt na Litreach: fear dom b' ainm Raibeart: *a man called Robert* [somewhat formal usage].

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA